



# Pàigheadh Taic Tòrraidh

## Dè th' ann am Pàigheadh Taic Tòrraidh?

'S e pàigheadh a th' ann a gheibh daoine ann an Alba a tha a' faighinn Creideas Coitcheann no sochairean eile a bhuilicheas airidheachd, agus a tha feumach air taic mar chuideachadh gus cosgaisean tòrraidh a phàigheadh.

## Cò a gheibh e?

Dh'fhaodadh daoine a bhith airidh air Pàigheadh Taic Tòrraidh ma tha iad a' coileanadh nan slatan-tomhais uile gu h-ìosal:

- tha iad a' fuireach ann an Alba
- tha iad, no tha an caidreach aca, a' faighinn shochairean sònraichte\*
- bha an neach a chaochail a' fuireach san RA
- tha an tòrradh ga chumail san RA no ann an cuid a shuidheachaidhean san Aonadh Eòrpach, ann an Innis Tile, Liechtenstein, Nirribhidh no san Eilbheis
- tha iad a' cur iarrtas a-steach às dèidh bàs an neach, suas gu 6 mìosan às dèidh ceann-latha an tòrraidh aca
- tha an tòrradh an urra riutha fhèin, no an caidreach aca
- tha e reusanta gun gabh iadsan, no an caidreach aca, uallach airson cosgaisean an tòrraidh.

Mar as trice, tha e reusanta gun gabh an neach-dàimh as fhasge dhan neach a chaochail uallach airson cosgaisean an tòrraidh. Dh'fhaodadh an neach-dàimh as fhasge a bhith na chaidreach, na mhac no nighean, na phàrant no na bhràthair no piuthar. Mur e an neach-dàimh as fhasge a th' annad no sa chaidreach agad, feumaidh tu mìneachadh dhuinn nuair a chuireas tu iarrtas a-steach, carson a tha e reusanta gur e thusa a ghabhas uallach.

\* Creideas Coitcheann (UC), Taic Teachd-a-steach, Cuibhreann Sireadair-obrach (JSA) stèidhete air teachd-a-steach, Cuibhreann Cosnaidh agus Taice (ESA) ceangailte ri teachd-a-steach, Creideas Peinnsein, Sochair Taigheadais (HB).

Tha dearbhair airidheachd ann aig toiseach an fhoirm air-loidhne agus air duilleag 2 den fhoirm phàipeir.

## Dè na tha am pàigheadh?

'S e pàirt pàighidh a th' ann am Pàigheadh Taic Tòrraidh agus pàighidh e cuid de chosgaisean an tòrraidh ach is dòcha nach pàigh e na cosgaisean uile. Tha seo a rèir roghainn an neach fa leth a thaobh an tòrraidh agus cosgaisean eadar-dhealaichte airson sheirbheisean air feadh na h-Alba.

Ma tha iad airidh, bidh an t-sùim a gheibh an neach a rèir an iarrtais aca agus a rèir an airgid a bha air fhàgail leis an neach a dh'eug.

## **Faodaidh Pàigheadh Taic Tòrraiddh dèiligeadh ri:**

- cosgaisean tiodhlacaidh agus losgadh-cuirp (tha na cosgaisean seo eadar-dhealaichte air feadh na dùthcha, agus mar sin dh'fhoillsich sinn na cosgaisean ionadail reusanta a phàigheas sinn: [mygov.scot/burial-cremation-costs-scotland](http://mygov.scot/burial-cremation-costs-scotland))
- reat stèidhichte airson chosgaisean sam bith eile - £1279.15 airson na mòr-chuid de dh'iarrasan agus £156.10 ma dh'fhàg an neach a bhàsaich solarachadh airson an tòrraiddh aca tro phlana tòrraiddh
- cuid a chosgaisean siubhail, cosgaisean sgrìobhainne agus cosgaisean leighis.

## **Cia mheud neach a dh'fhaodas am àsteach seo fhaighinn?**

1 neach gach tòrradh.

## **Ciamar a chuireas daoine iarrtas a-steach?**

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/funeralsupport](http://mygov.scot/funeralsupport). Faodar iarrtas a chur a-steach air a' fòn, no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost, le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Mus cuir iad iarrtas a-steach airson Pàigheadh Taic Tòrraiddh, bu chòir daoine am bàs no marbh-bhreith a chlàradh agus cead a thoirt dhan stiùiriche tòrraiddh (ma tha seo aca) airson bruidhinn rinn mun iarrtas aca – bidh seo a' fior lùghdachadh na h-ùine a thèid a thoirt gus an t-iarrtas aca a làimhseachadh.

Tha 2 foirm-iarrtais ann – foirm-iarrtais pàiste agus foirm-iarrtais inbhich. Tha comharra soilleir air gach foirm sa cheàrn dheas uachdarach. Tha nas lugha de cheistean air an foirm airson tòrradh neach òg no pàiste.

## **Dè cho fada 's a dh'fheumas daoine feitheimh, às dèidh iarrtas a chur a-steach, gus am àsteach seo fhaighinn?**

Bu chòir daoine co-dhùnad fhaighinn taobh a-staigh 10 làithean-obrach bho fhuair sinn foirm-iarrtais coileanta, còmhla ris a h-uile fianais-taice a tha riatanach. Thig am àsteach seo aca goirid às dèidh sin.

## **Dè an fianais a bhios a dhìth?**

Ma chaidh innse dhaibh gum biodh aca ri lethbhreacan de theisteanasan, cuidhteasan no cunntasan a chur thugainn nuair a chuir iad iarrtas a-steach, feumaidh iad seo a dhèanamh mus cuir Tèarainteachd Shòisealta Alba crìoch air dearbhadh an iarrtas aca. Faodaidh iad seo a chur thugainn air-loidhne aig [mygov.scot/uploading-your-documents](http://mygov.scot/uploading-your-documents) no gheibh iad cèis-litreach ro-phàighe a bu chòir dhaibh cur air ais gu Tèarainteachd Shòisealta Alba.

## **Am feum an neach an t-airgead seo a phàigheadh air ais?**

Chan fheum. Chan e iasad a th' ann agus chan fheumar a phàigheadh air ais. Ma dh'fhàg an neach a chaochail maoin ionmhasail, gheibh sinn an t-airgead air ais on oighreachd aca.

## **Cò dha a thèid an t-airgead a phàigheadh?**

Thèid an t-airgead a phàigheadh a-steach don chunntas banca a thagh an neach no gu dìreach do stiùiriche an tòrraiddh ('s e seo an roghainn as fhèarr le daoine mar as trice ach feumaidh sinn cead bhon neach-iarrtas gus seo a dhèanamh).

## **Cuin a dh'fhaodas daoine iarrtas a chur a-steach?**

Faodaidh daoine iarrtas a chur a-steach às dèidh bàs an neach a tha gan tòrradh agus suas gu 6 mìosan às dèidh ceann-latha an tòrraiddh.